



Glaschubeò™



Get the most out of
Glasgowlife™



AM FOGHAR 2011

AUTUMN 2011

Gabh pàirt, ionnsaich agus dèan subhachas às na h-ealain Ghàidhlig agus à cànan is cultar na Gàidhlig

Live, learn and celebrate Gaelic language arts and culture

Rannsachadh air ionnsachadh Gàidhlig inbhich air fhoillseachadh

Gaelic adult learning research launched

Tha aithisg mu ionnsachadh Gàidhlig le inbhich ann an Glaschu air nochdadh gu bheil ùidh aig barrachd daoine na a-riamh roimhe ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Chaidh comhairle agus beachdan fhaotainn bho raon fharsaing de luchd-cleachdaidh, luchd-compàirt agus feadhainn eile le ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich sa bhaile agus mu thimcheall a' bhaile.

Thuir an rannsachadh, an Dr Lindsay Milligan, "Bidh prìomh phàirt aig Baile Ghlaschu ann an ath-nuadhachadh na Gàidhlig. Tha bun-structar math an sàs cheana an taobh a-staigh a' bhaile ach tha feum aig cuid de phrìomh bheàman a bhith air an lìonadh, agus ma thachras sin tha sinn misneachail gum bi a' Ghàidhlig ron bhliadhna 2020 air a cluinntinn gu ìre nas motha air sràidean a' bhaile agus nas fhaide a-muigh na sin".

Chaidh an rannsachadh a choileanadh às leth Comhairle Baile Ghlaschu leis an Dr. Dùbhghlas Chalmers agus an Dr Lindsay Milligan bho Oilthigh Chaileanach Ghlaschu agus an t-Ollamh Mike Danson bho Oilthigh Taobh Siar na h-Alba. Chaidh a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle Baile Ghlaschu.

Tha an rannsachadh ri fhaotainn air-loidhne aig: http://www.glasgow.gov.uk/en/YourCouncil/PolicyPlanning_Strategy/Corporate/GaelicLanguagePlan/. Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Dòmhnall Mac a' Phi, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, air donald.macphee@glasgow.gov.uk no 0141 287 5940.

According to the 2001 Census, 10% of Scotland's Gaelic speakers live in Glasgow, the largest number outwith the Western Isles. The report found that learners now have more opportunities to learn the language and over 90% wished to progress to fluency.

Researcher Dr Lindsay Milligan said: "The City of Glasgow will have a key role in the regeneration of Gaelic. There is a good infrastructure already within the city but some key gaps need filled, and if this happens then we are confident that by the year 2020 Gaelic will be heard to a greater extent in the streets of the city and beyond".

The research was carried out on behalf of Glasgow City Council by Dr Douglas Chalmers and Dr Lindsay Milligan of Glasgow Caledonian University and Professor Mike Danson of the University of the West of

Scotland. It was funded by Bòrd na Gàidhlig and Glasgow City Council.

The research is available online: http://www.glasgow.gov.uk/en/YourCouncil/PolicyPlanning_Strategy/Corporate/GaelicLanguagePlan/. For further information contact Donald MacPhee, Gaelic Development Officer, donald.macphee@glasgow.gov.uk or 0141 287 5940.

Seachdain Ionnsachaidh Teaghlach

Family Learning Week

Ghabh an t-seachdain teaghlach bliadhnaile àite san luchair ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Bha còrr agus 100 inbheach is clann an làthair aig an tachartas a chaidh eagrachadh le pàrantan.

Bha am prògram a' gabhail a-steach clasaichean ionnsachaidh dian ann an Gàidhlig do dh'inbhich a' dol bho luchd-tòiseachaidh gu adhartach, gnìomhachdan cluiche ann an Gàidhlig do chloinn 3 gu 12 bliadhna, a' gabhail a-steach ealain is ciùird, tadhal phàircean is gnìomhachdan spòrs. Chuireadh crìoch air an t-seachdain le cèilidh agus taisbeanaidhean bho na clasaichean uile a' nochdadh na dh'ionnsaich iad tron t-seachdain.

"Tha mi air barrachd Gàidhlig ionnsachadh an t-seachdain-sa na rinn mi a-riamh, bha agam ris a' chlann a shlaodadh air falbh gach latha," thuir Jennifer Baird (neach-ionnsachaidh is pàrant).

Nam bu mhath leat tuilleadh fiosrachaidh fhaotainn a thaobh na seachdaine ionnsachaidh teaghlach an-ath-bhliadhna, cuir fios gu: Elaine Michie, Elaine.Michie@btinternet.com.

The annual Family Learning Week took place in July at the Glasgow Gaelic School. Over 100 adults and children attended the event which is organised by parents.

The programme included intensive Gaelic adult learning classes ranging from beginners to advanced, play activities in Gaelic for children aged 3 to 12 years including arts and crafts, park visits and sports activities. The week finished with a ceilidh and presentations from all of the classes demonstrating their learning from the week.

"I have learned more Gaelic this week than ever before, I had to drag the kids away every day," Jennifer Baird (learner and parent).

For more information regarding the Family Learning Week for next year please contact: Elaine Michie, Elaine.Michie@btinternet.com.



Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu Glasgow's Gaelic Meet-up

'S e buidheann coimhearsnachd do luchd-ionnsachaidh ann an Glaschu a th' ann am Buidheann Coinneachaidh Ghàidhlig Ghlaschu. Chùm iad a' chiad Latha Gnìomha Gàidhlig ann am Margaidh nan Tuathanach ann am Partaig air Disathairne 14 Cèitean.

Glasgow's Gaelic Meet-up is a community group for learners of Gaelic in Glasgow. It held its first Gaelic Action Day at the West End Farmers Market in Partick on Saturday 14 May.

Tachartasan ri thighinn

Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu, Taigh-òsta Earra-Ghàidheal, 7f. Cothrom neo-fhoirmeil air beagan Gàidhlig a bhruidhinn no ionnsachadh. Cinn-latha san amharc: Diciadain 7 Sultain, 5 Dàmhair, 2 Samhain, 7 Dùbhlachd.

Farpais-cheist Ghàidhlig Taigh-seinnse Ghlaschu, Taigh-seinnse na Pàirce, 7.30f.

Ar farpais-cheist mhìosail, agus fàilte ro gach neach. Cinn-latha san amharc: Diciadain 21 Sultain, 19 Dàmhair, 16 Samhain, 21 Dùbhlachd.

Còmhradh Gàidhlig air Skype, Comharraich: Ailig81, 3f.

Clasaichean gach ceala-deug ag amas air gach ìre. Cinn-latha san amharc: Didòmhnaich 4 Sultain, 18 Sultain, 2 Dàmhair, 16 Dàmhair.

Clasaichean Còmhradh Gàidhlig Ghlaschu (maoinichte le BnaG),

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 7f. Gach ìre bho fhìor luchd-tòiseachaidh thucasan ag amas air fileantachd. Cinn-latha san amharc: Diciadain 28 Sultain, 26 Dàmhair, 30 Samhain, 28 Dùbhlachd.

Cuir fios thugainn air:

Fòn: 0844 586 8901

Post-d: fios@gaelicglasgow.org.uk

Lìon: www.gaelicglasgow.org.uk

Facebook: <http://www.facebook.com/gaelic.glasgow>

Twitter: GaelicGlasgow

Forthcoming events

Glasgow's Gaelic Meetup, Argyle Hotel, Wednesdays 7pm Informal opportunity to speak and learn some Gaelic. Next dates: 7 Sep, 5 Oct, 2 Nov, 7 Dec.

Glasgow's Gaelic Pub Quiz, Park Bar, Wednesdays 7.30pm Our popular monthly quiz, everyone welcome. Next dates: 21 Sep, 19 Oct, 16 Nov, 21 Dec.

Gaelic Conversation by Skype, Dial: Ailig81, Sundays 3pm. Fortnightly classes aimed at all levels. Next dates: 4 Sep, 18 Sep, 2 Oct, 16 Oct.

Glasgow's Gaelic Conversation Classes (BnaG funded), Glasgow's Gaelic School, Wednesdays 7pm All levels from complete beginners to those aiming for fluency. Next dates: 28 Sep, 26 Oct, 30 Nov, 28 Dec.

Contact us:

Tel: 0844 586 8901

Email: fios@gaelicglasgow.org.uk

Web: www.gaelicglasgow.org.uk

Facebook: <http://www.facebook.com/gaelic.glasgow>

Twitter: GaelicGlasgow

Foghlam Gàidhlig Gaelic Education

Tha Seirbheisean Foghlaim Comhairle Baile Ghlaschu a' liubhairt raon de chothroman airson Foghlam tron Ghàidhlig air feadh a' bhaile, a' gabhail a-steach solar foghlaim tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile. Tha seo ga dhèanamh comasach do chloinn a dhol tro àm bogaidh anns a' Ghàidhlig, agus às dèidh sin a bhith air an teagasg sa churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil eòlas air a' chànan ro-làimh riatanach do chloinn a bhios ag inntigeadh foghlam tron Ghàidhlig aig ìre Prìomh 1. Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Seirbheisean Foghlaim, Taigh Wheatley, 25 Sràid Cochrane, Glaschu G1 Fòn: 0141 287 2000, <http://www.glasgow.gov.uk/en/Residents/GoingtoSchool/GaelicEducation/>. Glasgow City Council Education Services deliver a range of opportunities for Gaelic-medium Education across the city, including early years provision, primary and secondary education. This enables children to experience an immersion phase in the Gaelic language and then thereafter be taught the curriculum through the medium of Gaelic. No prior knowledge of the language is required for children who all enter Gaelic-medium at Primary 1. For further information please contact Education Services, Wheatley House, 25 Cochrane St, Glasgow G1 Tel: 0141 287 2000, <http://www.glasgow.gov.uk/en/Residents/GoingtoSchool/GaelicEducation/>.



Fòram Coimhearsnachd Ghàidhlig Ghlaschu Glasgow's Gaelic Community Forum

Tha Fòram Coimhearsnachd Ghàidhlig Ghlaschu air a dhèanamh suas le buidhnean agus daoine fa leth sa bhaile le ùidh ann an Gàidhlig. 'S e a dhleastanas sùil a chumail air an adhartas le Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu. Cumar an ath choinneamh den Fhòram ann an Seòmraichean a' Bhaile san t-Samhain agus bidh a' choinneamh a' cuimseachadh air Gàidhlig agus air daoine òga. Nam bu mhath leat tuilleadh fiosrachaidh, cuir fios gu Dòmhnall Mac a' Phì - Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, donald.macphee@glasgow.gov.uk no fòn 0141 287 5940.

Glasgow's Gaelic Community Forum is made up of organisations and individuals in the city with an interest in Gaelic. Its role is to monitor progress on Glasgow City Council's Gaelic Language Plan. The next meeting of the Forum will be held in the City Chambers in November and its focus will be on Gaelic and young people. If you would like further information, please contact Donald MacPhee, Gaelic Development Officer, donald.macphee@glasgow.gov.uk or phone 0141 287 5940.

Spòrs Ghlaschu Spòrs Ghlaschu

Tha comataidh Spòrs Ghlaschu air maoineachadh fhaotainn cuideachd o chionn ghoirid bho Bhòrd na Gàidhlig gus tuilleadh chùrsaichean trànaidh spòrs agus seiseanan oideachaidh a liubhairt do chloinn, a thuilleadh air beag-fhaclair Gàidhlig/Beurla de abairtean spòrs, agus stuthan oideachaidh spòrs dà-chànanach. Cumaibh sùil air an làrach-lìn airson fiosrachadh às ùr: www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo.

Spòrs Ghlaschu have recently received funding from Bòrd na Gàidhlig to deliver more sports training courses and coaching sessions for children, a new Gaelic/English glossary of sports terms, and bilingual sports coaching materials. Keep an eye on the website for updates: www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo.

Fèis Spòrs Ghlaschu Glasgow Sports Festival

Air 4mh Ògmhios 2011, fhrithheil còrr agus ceud neach cloinne agus am pàrantan a' chiad fhèis spòrs a-riamh ann an Glaschu, air a ruith ann an Gàidhlig aig Pàirc Spòrs Balgray ann an Taobh Siar a' bhaile. Bha an tachartas, a chaidh eagrachadh le Comann Ceilteach Ghlaschu, còmhla ri buill de chomataidh ùr Spòrs Ghlaschu, fosgailte do chloinn aois bun-sgoile a tha a' faighinn am foghlam ann an Gàidhlig aig sgoiltean air feadh Meadhan Alba. Ghabh a' chlann com-pàirt ann am measgachadh de rèisean, ghabh iad tlachd à blasad rugbaidh is teanas, agus chaidh iad an sàs na chèile gu sgairteil ann an iomain fad feasgair a bha loma-làn de ghnìomhachdan. Bha a' mhòr-chuid den stiùireadh, de na fiosan agus na còmhraidhean ann an Gàidhlig.

Thuirtean Iain Camshron, Rùnaire Comann Ceilteach Ghlaschu, gun robh an tachartas, a chaidh a dhèanamh comasach le taic maoineachaidh a fhuair e bhon MG ALBA, air a mheas anabarrach soirbheachail leis gach neach a bha an làthair. Le taic leantailach sna bliadhnaichean ri teachd, dh'fhaodadh e a bhith comasach an tachartas a thogail gu bhith na chruinneachadh spòrs bliadhnail do luchd-labhairt na Gàidhlig bho sgoiltean air feadh Alba air fad. Chaidh an tachartas a thogail air fiolm airson prògram Dè a-nis agus bidh e air fhoillseachadh as t-Fhoghar.

On 4th June 2011, over one hundred children and their parents attended the first ever sports festival in Glasgow to be conducted in Gaelic at the Balgray Playing Fields in the West End. The event, organised by the Glasgow Celtic Society, together with members of the newly formed Spòrs Ghlaschu committee was open to primary aged children who are receiving their education in the Gaelic language at schools across Central Scotland. The children participated with great enthusiasm in a variety of races, enjoyed a taste of rugby and tennis, and tackled each other vigorously at shinty in an action-packed afternoon. Most of the coaching, announcements and conversation were in Gaelic.

Iain Cameron, Secretary of the Glasgow Celtic Society, said the event, which was made possible by the funding support provided by MG ALBA, had been voted a great success by all who attended. With continued support in future years, it could be possible to build the event into an annual sports gathering for Gaelic speakers from schools across the whole of Scotland. The event was filmed for a Dè a-nis programme and



Cuach na Cloinne 2011 Cuach na Cloinne 2011

Bidh na cuairtean sgìreil de fharpais ball-coise Cuach na Cloinne 2011 air an cumail san t-Sultain leis na farpaisean deireannach a' gabhail àite san Dàmhair. Bidh 6 cuairtean sgìreil a' gabhail àite air feadh na h-Alba leis an dà sgioba as fheàrr a' dol troimhe gu na farpaisean deireannach air 1 Dàmhair sa Ghearasdan. Gu ruige seo, tha còrr agus 40 sgioba air cur a-steach airson na farpais bho 30 sgoil ann an Alba. Tha an fharpais air a maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus MG ALBA. Chaidh an fharpais a chumail mu dheireadh ann an 2009 nuair a bhuannaich Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, a' dèanamh a' ghnothaich air Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis san fharpais dheireannaich. Thuirtean Dòmhnall MacNeill, Ceannard CnaG, "S e modh-giùlain sàr-mhath a th' ann am ball-coise, mar a th' ann an spòrs san fharsaingeachd, gus a bhith a' tarraing dhaoine òga còmhla airson fealla-dhà, farpais agus dèanamh charaidean ùra. Tha e glè fheumail cuideachd do na daoine òga a bhith a' faicinn 's a' cluinntinn gu bheil Gàidhlig ga bruidhinn air feadh Alba agus chan ann dìreach sna coimhearsnachdan aca fhèin. Tha sinn buidheach do ar maoineachan airson a dhèanamh comasach dhuinn an fharpais seo a chur air adhart."

Gheibhear mion-fhiosrachadh mu àiteachan coinneachaidh air làrach-lìn CnaG:

www.cnag.org.uk

The regional tournaments of the Cuach na Cloinne 2011 football competition are being held in September with the finals taking place in October. There will be 6 regional tournaments taking place around Scotland with the top two teams going through to the finals on 1 October in Fort William.

To date over 40 teams have entered from across 30 schools in Scotland. The competition is funded by Bòrd na Gàidhlig, The Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar and MG ALBA. It was last held in 2009 when Glasgow Gaelic Primary School won it, beating Inverness Gaelic Primary School in the final. Donald MacNeill, Chief Executive of CnaG, said, "Football, and sport in general, is an excellent vehicle for bringing young people together to have fun, to compete, and to make new friends. It is also very useful for the young people to see and hear that Gaelic is spoken across Scotland and not just in their home communities. We are grateful to our funders for enabling us to run the competition."

Details of venues and dates can be found on the CnaG website: www.cnag.org.uk



Eathar Aighearach Hiort ann an Taigh-tasgaidh Taobh na h-Aibhne St Kilda Jolly Boat at the Riverside Museum

Letheach slighe sìos trannsa a deas Taigh-tasgaidh ùr Taobh na h-Aibhne, taigh-tasgaidh Còmhhdail is Siubhail na h-Alba, tha taisbeanadh a tha a' cuimseachadh air dìreach aon nì – an eathar aighearach a bha a' frithealadh a' bhàta-smùid SS Dunara Castle. Tha an eathar bheag chrìonthe seo a' dol air ais gu mu 1875 agus tha i gu h-iongantach air soirbheachadh. Bhiodh i ag aiseag dhaoine agus bathar eadar an Dunara Castle agus na cladaichean sin air nach b' urrainn an t-soitheach mhòr ruighinn. Bho 1877 bha an Dunara Castle ag obrachadh mun cuairt Innse Gall A-Muigh. Tro mhiosan an t-samhraidh – an crochadh air aimsir – bhiodh i a' seòladh nas fhaide an iar gu eileanan Hiort, a' giùlain solar, litrichean agus luchd-tadhail gu daoine na coimhearsnachd iomallaich is stoirmeil sin, don robh a' Ghàidhlig mar phrìomh phàirt de an dearbh-aithne.

Thig agus faigh a-mach dhut fhèin aig: Taigh-tasgaidh Taobh na h-Aibhne, 100 Aite Taigh an Rubha, Glaschu, G3 8RS. Fòn: 0141 287 2720, www.glasgowmuseums.com.

Half-way down the south arm of the new Riverside Museum, Scotland's Museum of Transport and Travel, is a display focusing on just one object – the jolly boat that served the steamship SS Dunara Castle. This small and frail rowing boat dates from about 1875 and is a rare survivor. She ferried people and goods between the Dunara Castle and those shores where the larger vessel couldn't reach. From 1877 the Dunara Castle operated around the Outer Hebrides. During the summer months - weather permitting – she sailed further west to the islands of St Kilda, bringing supplies, mail and visitors to the people of this remote and stormbound community, for whom Gaelic was a key part of their identity.

Come and see it for yourself at: Riverside Museum, 100 Pointhouse Place, Glasgow G3 8RS. Telephone: 0141 287 2720 or visit our website: www.glasgowmuseums.com.




Tha Glaschu beò le ionnsachadh na Gàidhlig!

Glasgow's alive with Gaelic learning!

Ma tha thu a-riamh air a bhith airson Gàidhlig ionnsachadh no feabhas a thoirt air do sgilean Gàidhlig, 's e Glaschu an t-àite as còir a bhith. Tha raon de chlasaichean Gàidhlig ann an Glaschu a tha freagarrach do dhiofar ìrean ùidh is sgilean, stoidhlichean ionnsachaidh agus an t-àm a tha aig daoine.

Ma tha ùidh agad ann an ionnsachadh no leasachadh nan sgilean Gàidhlig agad, cuir fios gu aon de na buidhnean a leanas a dh'fhaicinn dè a bhiodh freagarrach dhut: If you have ever wanted to learn Gaelic or to improve your Gaelic language skills, then Glasgow is the place to be. Glasgow has a range of Gaelic language classes to suit different interest and skill levels, learning styles and people's availability.

If you are interested in learning or improving your Gaelic language skills, get in touch with one of the following organisations to see what would suit you:



Glaschu Beò Glasgow Life

Tha Glaschu Beò ag obair còmhla ri Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus buidhnean Gàidhlig eile gus raon de chlasaichean, chùrsaichean agus thachartasan a sholarachadh do dh'inbhich, pàrantan, clann agus teaghlachaichean gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh. Nam bu mhath leat fiosrachadh sam bith mu aon sam bith de na seiseanan / tachartasan a tha gu h-ìosal, cuir fios gu: Glaschu Beò – Coimhearsnachdan (An Iar-Thuath). Fòn: 0141 276 1525.

Glasgow Life works with the Glasgow Gaelic School and Gaelic organisations to provide a range of classes, courses and events for adults, parents, children and families to develop their Gaelic language skills. If you would like any information on any of the sessions/ events listed below please contact: Glasgow Life – Communities (North West). Telephone: 0141 276 1525.

Clasaichean Gàidhlig Gaelic Language Classes

Tha Glaschu Beò a' tairgsinn 5 ìrean de chlasaichean Gàidhlig do dh'inbhich: Fìor luchd-tòiseachaidh, Toiseach-tòiseachaidh Gàidhlig 1, Toiseach-tòiseachaidh Gàidhlig 2, Eadar-mheadhanach 1, Adhartach.

Bidh clasaichean air an cumail ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 147 Sràid Berkeley, Glaschu, G3 7HP. Bidh clàradh is rèiteachadh a' gabhail àite Diluain 19 Sultain 2011 aig 7f. Bidh cothrom an seo clàradh don chlas as freagarraiche don ìre agus don ùidh a th' agad. Bidh clasaichean a' tòiseachadh Diluain 3 Dàmhair bho 7 – 9f. Cosgais: £30 airson cùrsa 10 seachdainean. Glasgow Life offers 5 levels of Gaelic Language classes for adults: Absolute beginners, Introduction to Gaelic 1, Introduction to Gaelic 2, Intermediate 1 and Advanced.

Classes will be held in Sgoil

Ghàidhlig Ghlaschu (Glasgow Gaelic School), 147 Berkeley Street, Glasgow, G3 7HP. Enrolment and levelling will take place on Monday, 19 of September 2011 at 7pm. This will be a chance for you to sign up for the class that is best suited to your level and interest. Classes will begin on Monday, 3 October from 7pm – 9pm. Cost: £30 for 10 week course.

Clasaichean Còmhraidh Conversation Classes

Bidh clasaichean còmhraidh a' tòiseachadh cuideachd san Dàmhair do luchd-labhairt na Gàidhlig, airson gach ìre. Latha agus àm ri dhaingneachadh. Thoir sùil air làrach-lìn Glaschu Beò airson an fhiosrachaidh as ùire. Cosgais: an-asgaidh.

Conversation classes will also start in October for all levels of Gaelic speakers. Day and time to be confirmed. Please check Glasgow Life's website for up to date information. Cost: free

Clasaichean phàrant is teaghlach

Parent and family classes

Tha Glaschu Beò a' co-obrachadh leis an sgoil Ghàidhlig agus le feadhainn eile gus raon de chlasaichean, chùrsaichean agus thachartasan a sholarachadh do phàrantan, do chloinn agus do theaghlachaichean gus an sgilean cànan a leasachadh. Am measg nan gnìomhachdan a bhios a' gabhail àite ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, bidh:

Glasgow Life works with the Gaelic school and others to provide a range of classes, courses and events for parents, children and families to develop their language skills. Activities taking place at the Glasgow Gaelic School include:

Clasaichean Phàrant Parents' Classes

Cuimsichte air pàrantan sgoilearan ann am P1. Tha cùrsa sia seachdainean an-asgaidh do phàrantan a' ruith gach teirm air Diardaoin bho 6.30 – 8f. Tha am prògram air a theagasg le luchd-teagasg na sgoile. Tha e a' ruith aig an aon àm ris na Sradagan (faic gu h-ìosal).

Aimed at parents of P1 pupils. A free six-week course for parents runs each term on a Thursday from 6.30pm – 8pm. The programme is taught by school staff. It runs at the same time as the Sradagan (see below).

Sradagan Sradagan

Fealla-dhà is geamannan ann an Gàidhlig do sgoilearan bun-sgoile tron bhliadhna sgoile, gach Diardaoin aig 6.30 – 8f. (tron teirm a-mhàin).

Fun and games in Gaelic for primary school pupils throughout the school year, every Thursday 6.30pm – 8pm (term-time only).

Buidheann Ionnsachaidh Teaghlach

Family Learning Group

A' coinneachadh gach madainn Disathairne bho 10.30m. – 12.30f. (tron teirm). Thathar a' tairgsinn cluiche air a stiùireadh do chloinn ann an dà bhuidheann-aoise, 3-5 agus 5-11, agus clasaichean Gàidhlig do phàrantan (agus sean-phàrantan, uncailean is antaidhean). Cosgais £5 do gach teaghlach gach seachdain.

Gus clàradh no airson tuilleadh fiosrachaidh, cuir fios gu Elaine Michie air 077 22 070 293 no elaine.michie@btinternet.com Meets every Saturday morning, from 10.30am – 12.30pm (during term-time). It offers supervised play for children in two age-groups, 3-5 and 5-11, and Gaelic

language classes for parents (and grandparents, uncles, aunties etc). Cost £5 per family per week.

To register or for more information please contact Elaine Michie on 077 22 070 293 or elaine.michie@btinternet.com

Clasaichean Phàrant Sgoil-àraich

Nursery Parents Classes

Bidh clasaichean Gàidhlig tron latha do phàrantan air an liubhairt anns na Sgoiltean-àraich a leanas: Rowena, Lyoncross, Sgoil Gàidhlig Ghlaschu.

Ma tha pàiste agad a' frithealadh aon de na sgoiltean-àraich gu h-àrd agus gum bu mhath leat na clasaichean an-asgaidh sin a fhrithealadh, cuir fios gu sgioba an Iar-Thuath aig Glaschu Beò air 0141 276 1525. Tha na clasaichean sin air an liubhairt airson 12 seachdain tro gach teirm sgoile ann an Togalach na sgoil-àraich no ann an togalach faisg air làimh. Tha an ceann-latha tòiseachaidh ri dhaingneachadh.

Tha raon fharsaing de ghniomhachdan ealan do dhaoine òga againn cuideachd – thoir sùil air làrach-lìn Glaschu Beò!

Daytime Gaelic Language classes for parents will be delivered in the following Nurseries: Rowena, Lyoncross, Sgoil Gàidhlig Ghlaschu.

If you have a child attending one of the nurseries above and would like to attend these free classes, please contact the Glasgow Life North-West team on 0141 276 1525. These classes are delivered for 12 weeks each school term within the Nursery building or a nearby venue. Start date to be confirmed.

We also have a wide range of arts activities for young people – check out the Glasgow Life website!

www.gla.ac.uk/dace. Cuir fios gu: Oilthigh Ghlaschu, Togalach Naoimh Anndra, 11 Sràid Eldon, Glaschu, G3 6NH, Fòn: 0141 330 1835, Post-d: dace-query@educ.gla.ac.uk.

www.gla.ac.uk/dace. Contact: University of Glasgow, St. Andrew's Building, 11 Eldon Street, Glasgow, G3 6NH, Tel: 0141 330 1835 Email: dace-query@educ.gla.ac.uk.

A' tòiseachadh san Dàmhair, bidh Oilthigh Ghlaschu a' tairginn clasaichean seachdaineach agus Cùrsa Gàidhlig nas dèine bho Ùlpan. 'S e dòigh luath is èifeachdach air Gàidhlig ionnsachadh a th' ann an Ùlpan. Tha labhairt a' tighinn an toiseach agus tha leughadh is sgrìobhadh a' leantainn às dèidh sin. Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuir fios gu 0141 330 1835 (10m - 4.30f). Tha a h-uile cùrsa cànan airidh air maoinachadh ILA200 tro ILA Alba, ma bhios tu a' cosnadh £22,000 sa bhliadhna no nas lugha. Airson tuilleadh mion-fhiosrachaidh, cuir fios gu ILA Alba dìreach air Saorfhòn 0808 100 1090 no tadhail air www.ilascotland.org.uk

Starting in October, The University of Glasgow will offer weekly classes and a more intensive Ùlpan Gaelic Course. Ùlpan is a fast and effective way to learn Gaelic. Speaking comes first and reading and writing follow a little later. For further information call 0141 330 1835 (10am-4.30pm). All language courses qualify for ILA200 funding through ILA Scotland, if you earn £22,000 pa or less. For more details contact ILA Scotland direct on Freephone 0808 100 1090 or visit www.ilascotland.org.uk.

Prògraman Gàidhlig iar-cheumnachaidh is for-cheumnachaidh
Undergraduate and postgraduate Gaelic programmes

Tha cùrsaichean ann an Oilthigh Ghlaschu aig ìre iar-cheumnachaidh is for-cheumnachaidh a tha freagarrach do gach ìre comasachd sa chànan, a' gabhail a-steach: fìor luchd-tòiseachaidh, luchd-ionnsachaidh eadar-mheadhanach, luchd-ionnsachaidh adhartach agus luchd-labhairt dùthchasach a' chànain. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu chùrsaichean Gàidhlig agus iomairt fharsaing Ghàidhlig an Oilthighe fhèin, cuir fios gu: Fiona Dunn, Oifigear na Gàidhlig Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk no air 0141 330 8505; An t-Ollamh Roibeard Ó Maolalaigh, Ollamh na Gàidhlig, Ceannard Roinne, Ceiltis is Gàidhlig: Roibeard.Omaolalaigh@glasgow.ac.uk, no air 0141 330 4222. www.glasgow.ac.uk/gaelic.

The University of Glasgow also has undergraduate and postgraduate level courses suitable for all levels of ability in the language including: complete beginners, intermediate learners, advanced learners and native speakers of the language. For more information on Gaelic courses and the University-wide Gaelic initiative, contact: Fiona Dunn, Gaelic Language Officer: Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk, 0141 330 8505; Professor Roibeard Ó Maolalaigh, Professor of Gaelic, Head of Subject, Celtic and Gaelic: Roibeard.Omaolalaigh@glasgow.ac.uk, 0141 330 4222, www.glasgow.ac.uk/gaelic.

Cuir fios gu: Seirbheisean Luchd-ionnsachaidh air 0844 249 8585, post-d_enquiries@stow.ac.uk.

Contact: Learner Services 0844 249 8585, e-mail enquiries@stow.ac.uk.

Tha Colaiste Stow a' solarachadh chùrsaichean SQA do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig Inntrigeadh 3, Eadar-mheadhanach 1, Eadar-mheadhanach 2 agus Àrd-Ìre. Faodaidh na cùrsaichean sin a bhith pàirt-ùine no làn-ùine. A thuilleadh air an sin, thathar a' tairginn Gàidhlig Àrd-Ìre (fileantaich dùthchasach) air bhunait pàirt-ùine. Tha measadh leantainneach ga chleachdadh air feadh na bliadhna, le roghainn a thaobh deuchainnean deireannach sa Chèitean. Tha cothrom aig oileanaich prògram bogaidh fad-seachdaineach a fhrithealadh sa Ghàidhealtachd aig deireadh a' chùrsa aca. Tha na clasaichean air an cur air dòigh aig amannan a tha freagarrach do phàrantan le clann sgoile.

Stow College provides SQA Gaelic learners courses at Access 3, Intermediate 1, Intermediate 2 and Higher. These courses can be part-time or full time. In addition the Gàidhlig (native speakers) Higher is also offered on a part-time basis. Continual assessment is used throughout the year, with the option of final exams in May. Students have the opportunity to attend a full week's immersion programme in the Gaidhealtachd at the end of their course. The classes are arranged at times that are suitable for parents with schoolchildren.

Clì Gàidhlig
Clì Gàidhlig

Tha Ùlpan a' tairginn dòigh eile air Gàidhlig ionnsachadh ann an Glaschu. Tha Ùlpan a' cuimseachadh air sgilean ionnsachaidh cànan de èisteachd is labhairt, agus mar sin tha oileanaich

gu luath a' ruighinn ìre de dh'fhileantachd ann an Gàidhlig labhairte agus ann an comas conaltraidh sa chànan. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Ùlpan agus cùrsaichean a th' ann agus a tha san amharc, cuir fios gu Mechthild Ghreumach aig Clì Gàidhlig: fòn 01463 226 710, post-d ulpan@cli.org no rach gu www.cli.org.uk.

Ùlpan offers another way to learn Gaelic in Glasgow. Ùlpan concentrates on the language learning skills of listening and speaking so students quickly reach a level of fluency in spoken Gaelic and the ability to converse in the language. For further information about Ùlpan and current and prospective courses please contact Mechthild Graeme at Clì Gàidhlig: telephone: 01463 226 710, email: ulpan@cli.org or go to: www.cli.org.uk.



A new one-stop shop website for learners of all abilities

Let us advertise what you can offer to Gaelic learners FOR FREE

Please contribute by forwarding your Course / Class details to us

Contact: Robyn Beaton on 01463 226841 or admin@cli.org.uk

This project is being led and supported by: BBC ALBA | MG ALBA | Bòrd na Gàidhlig | Board of Celtic Studies Scotland | Sabhal Mòr Ostaig

Inbich gu Fileantachd

Inbich gu Fileantais

Cuin: Gach Diciadain (12-2f.)

Càite: An Lèanag, 22 Sràid Achadh a' Mhansa, Partaig, Glaschu G11 5QP

Prìs: £2 gach seisean

When: Every Wednesday (12-2pm)

Where: An Lèanag, 22 Mansfield Street, Partick, Glasgow, G11 5QP

Price: £2 per session

A bheil thu a' feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh, ach a' faireachdainn nach eil thu a' dèanamh adhartas sam bith? A bheil thu airson gum bi na sgilean còmhraidh agad a' sruthadh gu saor agus gu nàdarach? Ma tha, tha buidheann ùr ann an Glaschu a tha dìreach air do shon! Tha Inbich gu Fileantachd a' coinneachadh gach Diciadain anns An Lèanag (Ionad Gàidhlig Ghlaschu) far am faigh thu cothrom air coinneachadh ri luchd-ionnsachaidh Gàidhlig eile gus raon de chuspairean a dheasbad tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh gach seisean air a stiùireadh le fileantach Gàidhlig agus bidh cothrom agad cuideachd conaltradh le

fileantaich eile bho dhiofar àiteachan ann an Alba, ann an suidheachadh far a bheil a' Ghàidhlig ga labhairt.

Tha Inbich gu Fileantachd air a ruith le Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu agus air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig. Fòn: 0141 339 2022 no tadhail air www.glaschu.org

Are you trying to learn Gaelic, but feel that you are unable to make any headway? Do you want your conversation skills to be free-flowing and natural? If so, there is a new group in Glasgow which is perfect for you! Inbich gu Fileantais meet every Wednesday in An Lèanag (Glasgow's Gaelic Centre) where you will get the opportunity to meet other Gaelic learners to discuss a range of subjects through the medium of Gaelic. Each session will be led by a fluent Gaelic speaker and you will also have the opportunity to chat with other fluent speakers from various parts of Scotland in a Gaelic-speaking environment.

Inbich gu Fileantais is run by Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu and is funded by Bòrd na Gàidhlig. Telephone: 0141 339 2022 or visit: www.glaschu.org.

Ceòl 's Craic music and banter

Foillseachadh Prògram Bliadhna Ceòl 's Craic Launch of Ceòl 's Craic Annual programme

Tha Ceòl 's Craic air fhaicinn fad' is farsaing mar mheadhan sòisealta is àrd-ùrlar do chultar co-aimsireil Gàidhlig ann an Glaschu. Tha e a' taisbeanadh an leabhar òrain làithreach tro cho-cheangal de chultaran is chruthan ealan. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faicibh www.ceolscaic.co.uk

Thar na bliadhna a tha romhainn, coimheadaibh a-mach airson Leabhar 's Craic, an Fhèis Leabhraichean Ghàidhlig shoirbheachail a tha a-nis air sìneadh gu tachartas dà latha (30-31 Màirt); foillseachadh a' chiad clàr CD aig

Ceòl 's Craic Màiri Mhoireasdan agus Alasdair Roberts air bileag Dragcity (Cèitean 2012); prògram ùr dràma tron bhliadhna.

Now in its seventh year at the CCA, the award winning Ceòl 's Craic will launch its annual programme on 10 September 2011 with an exciting array of artists, projects and performances for all to enjoy.

Ceòl 's Craic is widely seen as the social hub and platform for contemporary Gaelic culture in Glasgow. It showcases the current Gaelic songbook with a fusion of cultures and art forms. For more information, see www.ceolscaic.co.uk

Over the next year, look out for: Leabhar 's Craic, the successful Gaelic Book Festival, now extended to a two-day event (30-31 March); the launch of the first Ceòl 's Craic CD, featuring Màiri Morrison and Alister Roberts on the Dragcity label (May 2012); and a new drama programme throughout the year.

10 Sultain, CCA, 350 Sràid Sauchiehall (£6/£8)

10 September, CCA, 350 Sauchiehall St, (£6/£8)

Comharrachadh air obair Shomhairle MhicGillEathain tro òran, fiolm, dràma agus briathran.

Bidh Mairi Sine Chaimbeul (òraid agus òrain); Maoilios Caimbeul (bàrdachd); Fiolm (Hallaig, sgrionadh air a chur an aithne le Timothy Neat); Suzanne Houston (coileanadh ciùil le sgrìobhadh ciùil tùsail); Carina NicLeòid (sgeidse comadaidh) agus Daibhidh Scott (Pearlfishers and BMX Bandits) agus Kirsteen NicDhòmhnaill (buannaiche Bonn Òir) a' cur an fheasgair air shiubhal ann an co-obrachadh ùr do Cheòl 's Craic.

Thigibh gun Chafaidh Còmhradh (6f.), fosgailte do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, agus faighibh a-steach an-asgaidh gu tachartasan na h-oidhche uile! (Ri fhaotainn leis a' chiad 20 com-pàirtiche fad mìos na Sultaine a-mhàin, agus tha e riatanach àite a ghleidheadh ro-làimh info@ceolscaic.com)

A celebration of Sorley MacLean's work in song, film, performance and words.

Mairi Sine Chaimbeul (talk and songs); Myles Campbell (poetry); Film (Hallaig, screening introduced by Timothy Neat); Suzanne Houston (musical performance and original composition); Carina MacLeod (comedy sketch) and Davy Scott (Pearlfishers and BMX Bandits) and Kirsteen MacDonald (Mòd Gold medal winner) headline the evening in a new collaboration for Ceòl 's Craic.

Come to the Conversation Café (6pm), open to all Gaelic learners, and get free entry to the full evening events! (Available for the first 20 participants for September only, booking essential info@ceolscaic.com)



Photo: Louise Bellin

19 Samhain (airson amannan is fiosrachadh, faicibh www.ceolscaic.co.uk)

19 November for times www.ceolscaic.co.uk

Oidhche Spioradail – Feasgar gun choimeas a' taisbeanadh trì cho-obraichean mòra ùra le còisirean, orcastrathan fo bhuidh seinn nan sailm, agus Carmina Gadelica a' co-obrachadh le aoighean iongantach bho shaoghal pop.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun dà thachartas sin, thig còmhla ri Ceòl 's Craic air Facebook: www.facebook.com/group.php?gid=6629591101 Cuideachd, air Twitter & Myspace: www.myspace.com/122222753
Spiritual Night - a unique evening showcasing three epic new collaborations with choirs; orchestras influenced by psalm singing; and the Carmina Gadelica collaborating with some surprising guests from the pop world.

Join Ceòl 's Craic on Facebook: www.facebook.com/group.php?gid=6629591101. Also, on Twitter & Myspace: www.myspace.com/122222753.

Gairm airson Luchd-ealain Dràma

Call for Drama Artists

An e neach-ealain dràma a th' annad leis am bu mhath ìomhaigh d' obrach a thogail no a leasachadh? Ma tha thu ag obair air sgrìobt ùr, coileanadh stèidse nad sheasamh, sgeidse ghoirid, fèin-labhairt, leughadh sgrìobt, ruith thairis air obair eadar-theangachaidh no a' toirt Macbeth (ann an Gàidhlig!) sìos bhon sgeilp, dh'fhaodadh seo a bhith dhutsa!

Mar phàirt de chlub mhiosail ealain Ceòl 's Craic, tha sreath ùr de chothroman coileanaidh neo-fhoirmeil gan toirt a-steach. Chan eil cuideam sam bith ann airson nì sam bith a thoirt gu buil. Tha seo mar phròiseact a bhios leantainneach agus gabhar ri molaidhean aig àm sam bith tron bhliadhna. Cuiribh fios gu info@ceolscaic.co.uk
Are you a drama artist who would like to develop or profile your work? If you are working on a new script, stand up routine, short sketch, monologue, reading from an established Gaelic play, rehearsing a new translation work or dusting down the cobwebs of your (Gaelic!) Macbeth, this could be for you!

As part of the Ceòl 's Craic monthly arts club a new strand of informal performance opportunities is being introduced. No pressure for a finished product. This is an on-going project and proposals are accepted all year round. Please contact info@ceolscaic.co.uk



Fèis Brosnachaidh 2011 (24 Dàmhair – 4 Samhain)

Inspiration Festival 2011 (24 Oct – 4 Nov)

Tha Brosnachadh (fèis do chloinn aois 3-12 bliadhna) toilichte a' bhùth-obrach bhrosnachail Ghàidhlig seo a thairgsinn do na sgoiltean-àraich uile ann an Glaschu.

Inspiration (festival for children from 3-12 years) is delighted to offer this Gaelic inspired workshop to all nurseries in Glasgow.

Òrain Bheaga

Yvonne Wyroslawska & Suzanne Houston

Comharrachadh 'Bliadhna Eileanan na h-Alba'

Gabh turas cànanain ann am bàta mas-fhìor tarsainn a' chuain agus gabh tlachd à òrain is sgeulachdan Gàidhlig. Ionnsaich beagan fhacail, òran agus ceum no dhà dannsa!

Cuin: Diluain 24 – Dihaoine 28 Dàmhair, leth-latha no latha slàn.

Àite: fosgailte do sgoiltean-àraich agus ionadan teaghlaich air feadh Ghlaschu Gleidheadh: 0141 287 5810; cosgais: £3 pàiste / inbheach.

Aois: 3-5 bliadhna

Òrain Bheaga (small songs)

Yvonne Wyroslawska & Suzanne Houston

Celebrate 'The Year of Scotland's Islands'

Take a language journey in an imaginary boat across the water and enjoy Gaelic song and story. Learn a few words, a song and few steps of dance!

When: Monday 24 – Friday 28 October, half day or full day

Venue: open to nurseries and family centres across Glasgow

Bookings: 0141 287 5810; cost: £3 child/adult.

Age: 3-5yrs.



Fèis Baile nam Marsantach Merchant City Festival

Tha Glaschu Beò a' comharrachadh soirbheachd na 10mh Fèis ann am Baile nam Marsantach, a chlàraich 90,000 de luchd-èisteachd mar an àireamh as àirde gu ruige seo. Thug Club na Fèise a bha ann an Taigh-seinnse Bhiocòiria aigheachd don t-seinneadair ainmeil à Uibhist a Deas, Caitlin Nic Aonghais, agus don t-seinneadair / sgrìobhadair òrain, Dòmhnall Eòin MacFhionghain às na Hearadh, a thaisbein an cuid ciùil fa chomhair luchd-èisteachd ann an talla a bha loma-làn.

Glasgow Life is celebrating the success of the 10th Merchant City Festival which set an all-time record with 90,000 attendances. The Festival Club at the Victoria Bar, Tron Theatre, hosted acclaimed South Uist singer Kathleen MacInnes and singer/songwriter Dol Eoin MacKinnon from Harris who performed to sell-out audiences.

Buidheann Leabhar Gàidhlig Ghlaschu Glasgow Gaelic Book Group

Bidh an ath choinneamh de Buidheann Leabhar Gàidhlig Ghlaschu a' gabhail àite air 13 Sultain aig 6.30f. gus deasbad air Fo Bhruid aig Torcuil Crichton, an sgeul ainmeil le Raibeart Louis MacSteaphain. Air 11 Dàmhair bidh a' bhuidheann a' deasbad air Sia Dealbhan-Cluiche, cruinneachadh ùr de 6 deilbh-chluich Gàidhlig le Alasdair Caimbeul, sa bheil raon fharsaing de charactaran agus de shuidheachaidhean air an toirt beo.

Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh sa Biblocafe, 262 Rathad Woodlands.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuir fios gu 0141 337 6211 no mairim@gaelicbooks.net.

The next meeting of the Glasgow Gaelic Book Group is on 13 September at 6.30pm to discuss Torcuil Crichton's Fo Bhruid, 'Kidnapped', the famous story by Robert Louis Stevenson. On 11 October the group will discuss Sia Dealbhan-Cluiche, a new collection of 6 Gaelic plays by Alasdair Campbell, in which a wide variety of characters and situations is brought to life.

The group meets in Biblocafe, 262 Woodlands Road. For further information, contact 0141 337 6211 or mairim@gaelicbooks.net.

Ro-Innleachd nan Ealain Ghàidhlig (2011-14) – Maoinachadh Ùr

Gaelic Arts Strategy (2011-14) – New Funding

Tha Glaschu Beò air maoinachadh fhaotainn bho Bhòrd na Gàidhlig (£23,500) gus taic a chur ri Ro-Innleachd nan Ealan Ghàidhlig, ann an com-pàirteachas le buidhnean nàiseanta agus com-pàirtichean air feadh a' bhaile. Am measg nam pròiseactan, tha:

- Cafaidhean còmhraidh air feadh a' bhaile
- Òrain Ghàidhlig – leasachadh goireas airson taic a thoirt do luchd-teagaisg ag adhartachadh Òrain Ghàidhlig anns an àrd-sgoil Ghàidhlig
- Fèis dràma ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu do sgoilearan àrd-sgoile
- Prògram fad bliadhna de bhùithean-obrach airson Sgrìobhadh Cruthachail do dh'inbhich agus do dhaoine òga
- Prògram obrach gus taic a chur ri faicsinneachd na Gàidhlig mar ullachadh mu choinneamh Geamannan a' Cho-Fhlaitheis 2014

Ma tha ùidh aig an tachartas, fèis no àite agad ann an toirt aigheachd do chafaidhean còmhraidh no leasachadh soidhnichean Ghàidhlig, cuir fios gu: rona.macdonald@glasgowlife.org.uk

Glasgow Life has received funding from Bòrd na Gàidhlig (£23,500) to support the Gaelic Arts Strategy, in partnership with national agencies and citywide partners. Projects include:

- City-wide conversation cafés
- Gaelic song – the development of a resource to aid teachers to promote Gaelic Song in the Ghàidhlig secondary school



- A drama festival at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu for high school pupils
- Annual Gaelic Literature Festival extending to a two-day event
- A year-long programme of Creative Writing workshops for adults and young people
- A programme of work to support the visibility of Gaelic in preparation for the Commonwealth Games 2014.

If your event, festival or venue is interested in hosting conversation cafes or developing Gaelic signage please contact: rona.macdonald@glasgowlife.org.uk.

Fòraman chruthan ealain

Art form forums

Tha Glaschu Beò dealasach, tro Ro-Innleachd nan Ealan Ghàidhlig, gus deasbad adhartachadh thar diofar chruthan ealain, a' gabhail a-steach:

Fòram Dràma Gàidhlig Ghlaschu air a dhèanamh suas à luchd-cleachdaidh theatar a tha ag obair sa bhaile, buidhnean dràma agus luchd-ùidh le sùim ann an Dràma Gàidhlig. Tha an ath choinneamh san t-Sultain 2011.

Fòram Litreachais Gàidhlig Ghlaschu a' toirt aigheachd le tachartas ann an co-bhoinn le Ionad Sgrìobhadairean na h-Alba air 27 Dàmhair aig an CCA – àrd-ùrlar airson deasbad mar a dh'fhaodas buidhnean obrachadh nas dlùithe le sgrìobhadairean Gàidhlig agus le stuthan Gàidhlig. Coinnichibh ri sgrìobhadairean Gàidhlig agus cluinnibh taghadh de leughaidhean goirid – bidh fàilte ro gach neach.

Ealain Lèirsinneach – Bidh Glaschu Beò a' foillseachadh farsaingeachd àite ùr - Gailearaidh Ùr – mar phàirt de Fhèis Eadar-nàiseanta Ghàidhlig nan Ealan Lèirsinneach 2012, ann an com-pàirteachas le Meadhanan Ùra (NU).

Airson tuilleadh fiosrachaidh no a bhith nur pàirt de na fòraman sin, cuiribh fios gu rona.macdonald@glasgowlife.org.uk.

Glasgow Life has a commitment through the Gaelic Arts Strategy to promote discussion across arts forms, including:

Glasgow Gaelic Drama Forum comprises theatre practitioners who work in the city, drama organisations and stakeholders with an interest in Gaelic Drama. Next meeting is Sep 2011.

Glasgow Gaidhlig Literature Forum is hosting an event in collaboration with the Scottish Writers Centre on 27 October at the CCA - a platform to discuss how literary organisations can work more closely with Gaelic writers and Gaelic material. Meet Gaelic writers and hear some short readings – all welcome.

Visual Art – Glasgow Life will launch a new gallery space – Gailearaidh Ùr – as part of Glasgow International Festival of Visual Art in April 2012, in partnership with NU (New Media).

For more information or to become part of these forums please contact rona.macdonald@glasgowlife.org.uk.



Theatar Nàiseanta na h-Alba – Rannsachadh Dràma National Theatre of Scotland – Drama Research

A bheil Gàidhlig agad? A bheil ùidh agad ann an dràma? Is dòcha gu bheil dreach sgrìobt agad air falach fon leabaidh agus nach d' fhuair thu a-riamh cothrom air a leasachadh?

Is dòcha gur e bàrd, neach-sgrìobhaidh òran, òraidiche, neach-dèanamh fhiolmaichean, cleasaiche no seanchaidh a th' annad nach do smaoinich a-riamh air dràma Gàidhlig a sgrìobhadh?

Tha Theatar Nàiseanta na h-Alba a' dèanamh rannsachadh agus bu mhath leotha cluinntinn bho neach sam bith le ùidh no eòlas co-cheangailte san raon seo. Cuir fios gu Muireann@hotmail.co.uk.

Have Gàidhlig? Have an interest in drama? Maybe you have a draft of a script hidden under the bed, but never had the chance to develop it?

Maybe you are a poet, songwriter, lecturer, film maker, actor, story teller who never considered writing Gàidhlig drama before?

The National Theatre of Scotland is doing research and would like to hear from anyone with an interest or related experience in this field. Please contact Muireann@hotmail.co.uk.



Comann Oiseanach Oilthigh Ghlaschu –

Dinnear is Dannsa

Disathairne 12 Samhain 2011, Togalach Aonaidh Oilthigh Ghlaschu

Glasgow University Ossianic Society - Dinner Dance

Saturday 12 November 2011, Glasgow University Union

Tha Comann Oiseanach Oilthigh Ghlaschu a' cumail dinnear is dannsa ath-choinneachaidh air Disathairne 12 Samhain 2011 ann an Togalach Aonaidh Oilthigh Ghlaschu. Airson tuilleadh fiosrachaidh agus airson tiocaidhean a cheannach, tadhail air làrach-lìn a' Chomainn aig www.oiseanach.org agus faodaidh tu cuideachd post-d a chur thugainn air fios@oiseanach.org

Glasgow University Ossianic Society is holding a reunion dinner and cèilidh dance on Saturday 12 November 2011 in the Glasgow University Union. For more information and to buy tickets visit the Society website on www.oiseanach.org and you can also e-mail us on fios@oiseanach.org.

Casan Ceòlach

(buidheann dràma do chloinn 8-16 bliadhna a dh'aois)

Casan Ceòlach

(drama group for children aged 8-16)

A' leantainn air a' choileanadh shoirbheachail aca air 'An Leabhar Seunta' a bha na thaisbeanadh-ciùil gu tur ùr le measgachadh de dh'òrain pop agus Gàidhlig, tha Casan Ceòlach air ais le taisbeanadh-ciùil ùr eile agus tha iad a' coimhead ri daoine a dhol an sàs ann. Tha a' bhuidheann a' coinneachadh ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a h-uile Diluain aig 6.30f agus 8.00f.

Following their successful production of 'An Leabhar Seunta' which was a brand new Gaelic musical with a mix of pop songs and Gaelic language, Casan Ceòlach are back with another new musical and are looking for more people to get involved. The group meet at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu every Monday between 6.30pm and 8.00pm.



An t-ath eagan

Next edition

Tha sinn an dòchas gun do chòrd an t-eagan seo de Glaschu Beò ribh, nam bu mhath leat fiosrachadh sam bith mu ghnìomhachdan Gàidhlig ann an Glaschu a chur thugainn airson an ath eagan den litir-naidheachd seo, cuir fios thugainn ro **11 Dàmhair 2011** aig: glasgowlearning@glasgowlife.org.uk, Fòn: 0141 287 8961.

Thug Glaschu Beò an litir-naidheachd seo gu buil le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha am fiosrachadh a tha san litir ceart aig àm foillseachaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh no fiosrachadh às ùr mu ghnìomhachdan Gàidhlig, coimhead ris an làrach-lìn againn no làraich-lìn nam buidhnean a tha air an ainmeachadh.

We hope you enjoyed this edition of Glaschu Beò. If you would like to contribute any information on Gaelic activities in Glasgow for the next edition of this newsletter, please contact us by **11 October 2011** at: glasgowlearning@glasgowlife.org.uk or telephone: 0141 287 8961.

This newsletter was produced by Glasgow Life with funding from Bord na Gaidhlig. The information it includes was correct at the time of publication. For more information or further updates on Gaelic activities, please look on our website or the websites of the other organisations listed.



Cruinneachadh Gàidhlig Leabharlannan Ghlaschu Glasgow Libraries Gaelic Collection

Tha Leabharlannan Ghlaschu a' solarachadh chothroman ionnsachaidh ann an Gàidhlig do dhaoine de gach aois tro bhith ag obair le sgioba Ionnsachadh Coimhearsnachd Glaschu Beò. Tha Leabharlannan Ghlaschu a' leantainn air adhart le dealas a thaobh leasachadh na Gàidhlig le cruinneachaidhean ann an Leabharlann Phartaig agus anns an Ionad Ionnsachaidh sa Mhitchell. Tha an cruinneachadh a' gabhail a-steach raon fharsaing de stoc bho leabhraichean dealbh chloinne, uirsgeul inbhich, fìorsgeul, agus nobhailean grafaigeach!

Tha e an-asgaidh ballrachd a ghabhail ann an leabharlann sam bith ann an Glaschu, agus faodaidh do chairt leabharlainn do ghiùlain gu saoghal leughaidh airson tlachd, agus ionnsachadh tro raon de CDan Gàidhlig – gus an cànan ionnsachadh agus cluinntinn mar as còir do fhacail a bhith air am fuaimneachadh – leabhraichean cànan Gàidhlig, faclairan Gàidhlig agus leabhraichean Gàidhlig mu Eachdraidh na h-Alba. Tha cothrom air PC agus Wi-Fi an-asgaidh cuideachd do neach sam bith de ar luchd-cleachdaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri fhacinn anns na leabharlannan againn! www.glasgowlife.org.uk/libraries. Thig còmhla ri Leabharlannan Ghlaschu air Facebook agus lean sinn air Twitter.

Glasgow Libraries provides learning opportunities in Gaelic for people of all ages through working with Glasgow Life's Community Learning team. Glasgow Libraries continues its commitment to the development of the Gaelic language with collections in Partick Library and Learning Centre and The Mitchell. The collection includes a wide range of stock ranging from children's picture books, adult fiction, non-fiction and graphic novels!

It's free to join any library in Glasgow and your library card can transport you to a world of reading for pleasure and learning through a range of Gaelic CDs - to learn the language and hear how words should be pronounced - Gaelic language books, Gaelic dictionaries and Gaelic books on Scottish History. PC access and Wi-Fi access is also free of charge for any of our customers.

We look forward to seeing you in our libraries! www.glasgowlife.org.uk/libraries. Join Glasgow Libraries on Facebook and follow us on Twitter.

